

C1-1-1-1 **Modal 1 Aonad 1 Hallò!
Earrannan Òisteachd**

Earrann 1 (1. Òist) Hallò, Hallò, Hallò

- C1-1-1-2 a. Hallò! Is mise Raonaid.
C1-1-1-3 b. Madainn mhath! Is mise Ealasaid.
C1-1-1-4 c. Feasgar math! Is mise Daibhidh Ros.
C1-1-1-5 d. Hallò! Is mise Pàdraig. Dè an t-ainm a th' ort fhèin?
C1-1-1-6 e. Hai! Is mise Catrìona.
C1-1-1-7 f. Màiri: Dè an t-ainm a th' ort?
Seumas: Is mise Seumas.

C1-1-1-8 Earrann 2 (5. Òist) Dè an t-ainm a th' oirbh?

- C1-1-1-9 a. Alasdair: Madainn mhath! Is mise Alasdair. Dè an t-ainm a th' oirbh?
C1-1-1-10 b. Catrìona: Hallò, Alasdair. Is mise Catrìona.
C1-1-1-11 c. Alasdair: Hai, a Chatrìona agus dè an t-ainm a th' oirbh fhèin?
C1-1-1-12 d. Seòras: Seòras. Is mise Seòras.
C1-1-1-13 e. Alasdair: Hallò, a Sheòrais. Is mise Alasdair.
C1-1-1-14 f. Seòras: Hai, Alasdair.

C1-1-1-15 Earrann 3 (8. Òist) Dealbhan

- C1-1-1-16 Màiri: Seall seo, a Phòil.
Pòl: An e sin Anna?
Màiri: Chan e. 'S e sin Mòrag.
Pòl: An e sin Ruairidh?
Màiri: 'S e.
Pòl: Agus an e sin Claire?
Màiri: 'S e.



Pòl: An e sin Aonghas?

Màiri: 'S e.

Pòl: An e sin Sine?

Màiri: Chan e. Sin mise!

Pòl: Ò, 's e! Sin thu!

C1-1-1-17 Earrann 4 (Sùil air ais 4) Feasgar math

- C1-1-1-18 a. Hallò! 'S e Seònaid NicAoidh an t-ainm a th' orm.
- C1-1-1-19 b. Sin sibh! Is mise Mairead NicRath.
- C1-1-1-20 c. Madainn mhath. Is mise Cailean Mac-a-phì.
- C1-1-1-21 d. Is mise Daibhidh Moireach. Dè an t-ainm a th' ort fhèin?
- C1-1-1-22 e. Feasgar math. Seo Seumas Robasdan.
- C1-1-1-23 f. Sin thu! Is mise Catrìona Stiùbhart.

